

<p>Lèirmheas air a' Mheòrachan air Feumalachdan Inntrigidh gu Prògraman Ciad Fhoghlaim Luchd-teagaisg ann an Alba: co-chomhairle</p> <p>Freagairt bho Bhòrd na Gàidhlig</p> <p>21 Am Màrt 2023</p>	<p>Review of the Memorandum on Entry Requirements to Programmes of Initial Teacher Education in Scotland: consultation</p> <p>Response by Bòrd na Gàidhlig</p> <p>21 March 2023</p>
<p>Literacy and Numeracy requirements</p> <p>Q1: Do you agree that there should be no change to the current literacy requirement?</p> <p>Yes <input checked="" type="checkbox"/></p> <p>No <input type="checkbox"/></p> <p>Don't know <input type="checkbox"/></p> <p>Ann an Alba tha litearrachd air a leasachadh ann am Foghlam Tràth-bhliadhnaichean, Bun-sgoile agus Àrd-sgoile tro mheadhan na Beurla no na Gàidhlig. Tha litearrachd sa Ghàidhlig a' cur ri litearrachd san fharsaingeachd agus mar sin, dh'fhaodadh seo a bhith air a ghabhail a-steach mar theisteanas litearrachd iomchaidh eile còmhla ri litearrachd Beurla.</p>	<p>Literacy and Numeracy requirements</p> <p>Q1: Do you agree that there should be no change to the current literacy requirement?</p> <p>Yes <input checked="" type="checkbox"/></p> <p>No <input type="checkbox"/></p> <p>Don't know <input type="checkbox"/></p> <p>In Scotland literacy is developed in Early Years, Primary and Secondary Education through the medium of English or Gaelic. Gaelic literacy is a contributor to literacy overall and could be included as an additional relevant literacy qualification along with English literacy.</p>
<p>Q2: Do you agree that there should be no change to the current numeracy requirement?</p> <p>Yes <input checked="" type="checkbox"/></p> <p>No <input type="checkbox"/></p> <p>Don't know <input type="checkbox"/></p> <p>Tha sinn toilichte gu bheilear a' gabhail a-steach Matamataig agus Gniomhachas Matamataig ann am Pàipear-taice B: Teisteanasan ris an gabhar mar Cho-ionann ris na Riatanasan Beurla is Matamataig. Tha seo a' togail iomhaigh theisteanasan tro mheadhan na Gàidhlig agus a' sealltainn na cudromachd is an luach anns an SCQF.</p>	<p>Q2: Do you agree that there should be no change to the current numeracy requirement?</p> <p>Yes <input checked="" type="checkbox"/></p> <p>No <input type="checkbox"/></p> <p>Don't know <input type="checkbox"/></p> <p>We welcome the inclusion of Matamataig and Gniomhachas Matamataigs in Appendix B Qualifications Accepted as Equivalent to the English and Mathematics Requirements. This raises the profile of Gaelic-medium qualifications and their currency and value in the SCQF.</p>
<p>Sections 1 to 5</p> <p>Q3: Do you agree that we should include a requirement to interview applicants?</p> <p>Yes <input checked="" type="checkbox"/></p> <p>No <input type="checkbox"/></p>	<p>Sections 1 to 5</p> <p>Q3: Do you agree that we should include a requirement to interview applicants?</p> <p>Yes <input checked="" type="checkbox"/></p> <p>No <input type="checkbox"/></p>



<p>Don't know <input type="checkbox"/></p> <p>Q4: Do you agree that the refinements we have made to the skills, dispositions and attributes in this section better reflect expectations at the point of application for prospective student teachers?</p> <p>Yes <input checked="" type="checkbox"/> No <input type="checkbox"/> Don't know <input type="checkbox"/></p> <p>Secondary Subjects with Specific Requirements</p> <p>Q5: Do you agree that the changes we have made to the entry requirement information for the bullet point list of subjects in 6.6 make the provisions easier to understand and apply?</p> <p>Yes <input checked="" type="checkbox"/> No <input type="checkbox"/> Don't know <input type="checkbox"/></p> <p>Dh'fhaodadh riatanasan SCQF a bhith a' gabhail a-steach teisteanasan iomchaidh a chaidh a choileanadh tro mheadhan na Beurla agus/no na Gàidhlig.</p> <p>Q13: Do you agree with the proposed changes to the entry requirements for Languages?</p> <p>Yes <input type="checkbox"/> No <input type="checkbox"/> Don't know <input type="checkbox"/></p> <p>If you do not agree, please explain why.</p> <p>Tha e brosnachaile gu bheilear a' gluasad na Gàidhlig bho bhith na cuspair fa leth gu bhith ann an roinn nan cànanan, ach bhiodh e feumail aithris mìneachaidh eile a chur ann air mar a tha luchd-teagaisg Gàidhlig teisteanichte gus an dà chuid Gaelic (Learners) a theagasc mar phàirt de Pasgan Chànanan SQA agus cuideachd Gàidhlig (litearrachd na Gàidhlig taobh a-staigh foghlam tro mheadhan na Gàidhlig) mar chuspair.</p> <p>Mholamaid an aithris seo: "That is recognised that registration in Gaelic (following the completion of an appropriate degree course and the award of a PGDE), enables the registered teacher to teach both Gaelic (Learners) courses and/or Gàidhlig courses (literacy in Gaelic courses, within Gaelic-medium Education)."</p> <p>Tha sinn ag aithneachadh nan dùbhlan a tha an lùib feumalachdan Greis Bogaidh sa Ghàidhlig agus tha sinn a' toirt</p>	<p>Don't know <input type="checkbox"/></p> <p>Q4: Do you agree that the refinements we have made to the skills, dispositions and attributes in this section better reflect expectations at the point of application for prospective student teachers?</p> <p>Yes <input checked="" type="checkbox"/> No <input type="checkbox"/> Don't know <input type="checkbox"/></p> <p>Secondary Subjects with Specific Requirements</p> <p>Q5: Do you agree that the changes we have made to the entry requirement information for the bullet point list of subjects in 6.6 make the provisions easier to understand and apply?</p> <p>Yes <input checked="" type="checkbox"/> No <input type="checkbox"/> Don't know <input type="checkbox"/></p> <p>SCQF requirements could include relevant qualifications which have been attained through the medium of English and/or Scottish Gaelic.</p> <p>Q13: Do you agree with the proposed changes to the entry requirements for Languages?</p> <p>Yes <input type="checkbox"/> No <input type="checkbox"/> Don't know <input type="checkbox"/></p> <p>If you do not agree, please explain why.</p> <p>The movement of Gaelic as a standalone to the languages section is positive, though it could benefit from a further explanatory statement on how Gaelic teachers are essentially dual qualified to teach Gaelic (Learners) i.e. as part of the SQA Languages Portfolio and also Gàidhlig (Gaelic literacy within Gaelic-medium Education) as a subject.</p> <p>Suggested statement below: "It is recognised that registration in Gaelic (following the completion of an appropriate degree course and the award of a PGDE), enables the registered teacher to teach both Gaelic (Learners) courses and/or Gàidhlig courses (literacy in Gaelic courses, within Gaelic-medium Education)."</p> <p>We recognise the challenges for Residency requirements Gaelic and note that this has not been changed in the proposed changes.</p>
---	--



<p>fa-near nach deach seo atharrachadh anns na h-atharrachaidhean a thathar a' moladh.</p>	
<p>Tha fios againn gu bheil Greis Bogadh a' cur ri togail càinair tro bhogadh agus eòlas air a' chànan ann an co-theacs sòisealta gu làitheil. Airson mion-chànanan mar a' Ghàidhlig tha roghainnean airson seo cuingealaichte.</p>	<p>We know Residency improves language acquisition via immersion and exposure to the language a social context on a daily basis. For minority languages such as Gaelic there are limited options for this.</p>
<p>Dh'fhaodadh cuideachd beachdachadh san àm ri teachd air a bhith a' gabhail a-steach mìneachadh aontaichte air sgilean air an libhrigeadh tro ghreis bogaidh – is dòcha co-cheangalite ri CEFR. Dh'fhaodadh seo a bhith air a chleachdad an uair sin gus cothrom ionnsachaidh co-ionann a dhealbhadh airson cànanan leithid Gàidhlig, gus aontachadh leis a h-uile HEI, a' coimhead air chothroman bogaidh.</p>	<p>Future considerations may include an agreed definition of skills delivered by residency – possibly relating to CEFR. This could then be used to devise an equivalent experience for languages such a Gaelic to agreed by all HEIs, exploring immersion opportunities.</p>
<p>Q16: If you have any further comments about any of the changes we are proposing to the entry requirements for any of these subjects, please include them here.</p>	<p>Q16: If you have any further comments about any of the changes we are proposing to the entry requirements for any of these subjects, please include them here.</p>
<p>Tha sinn a' cur fàilte air an aithris "Tha a h-uile cànan a tha ga theagasc ann an Alba luachmhor – chan eil rangachd càinair ann".</p>	<p>We welcome the statement "All the languages taught in Scotland are valuable – there is no hierarchy of language.</p>
<p>General comments</p>	<p>General comments</p>
<p>Q15: Is there anything else you would like to mention that we haven't specifically asked about?</p>	<p>Q15: Is there anything else you would like to mention that we haven't specifically asked about?</p>
<p>Tha sinn a' cur fàilte air an teacsa ath-sgrùdaichte ann an Earrann 2 (Fiosrachadh Coitcheann mu Theisteanasan), Earrann 4 (An Teisteanas Teagaisg – Foghlam Bun-sgoile) agus Earrann 5: An Teisteanas Teagaisg (Foghlam Àrd-sgoile) a tha a-nis a' toirt iomraidhean air teagasc tro mheadhan na Gàidhlig. Tha am faicsinneachd seo bhon fhòr thoiseach na ceum adhartach agus tha i a' togail ìomhaigh nan roghainnean ITE tro mheadhan na Gàidhlig.</p>	<p>We welcome the revised text in Section 2 (General Information on Qualifications), Section 4 (The Teaching Qualification – Primary Education) and Section 5 The Teaching Qualification (Secondary Education) which now includes references teaching in Gaelic Medium. This visibility from outset is a positive update and raises the profile of the availability of Gaelic Medium ITE options.</p>
<p>Tha sinn a' cur fàilte air an ath-sgrùdad air Pàipear-taice A: Solaraichean ITE agus na Prògraman air an Taingse a tha a-nis a' gabhail a-steach fiosrachadh mu shlighean gu roghainnean teagaisg Gàidhlig a tha diofar Institiùdan a' tabhainn.</p>	<p>We welcome the revision of Appendix A ITE providers and Programmes Offered that now includes information on pathways into Gaelic teaching options offered by various Institutions.</p>
<p>Tha sinn toilichte gun deach feart a thoirt air cuid de na molaidhean co-cheangalite ris a' Ghàidhlig a chaidh a chur air adhart le luchd-ùidh mar phàirt den cho-chomhairle neo-fhoirmeil agus gu bheil iad rim faicinn anns na sgriobhainnean co-chomhairleachaidh.</p>	<p>We are pleased to see that some of the suggestions relating to Gaelic put forward as part of the informal pre-consultation engagement with stakeholders have been taken into consideration and are reflected in the consultation documents.</p>

